

Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010

Aithisg le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh le Comhairle na Gàidhealtachd gus crìoch a thoirt air solair foghlaim aig Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh, agus a' cur an sgìre-sgoile aice ri sgìre-sgoile Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain.

Gearran 2022

1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo bho Fhoghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim na Banrigh (Luchd-sgrùdaidh na Banrigh) ann an co-rèir ri teirmichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#) ("Achd 2010"). 'S e adhbhar na h-aithisg seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a libhrigeadh air moladh Comhairle na Gàidhealtachd gus solair foghlaim a thoirt gu ceann aig Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh, agus a sgìre-sgoile a chur ri sgìre-sgoile Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain. Tha mion-fhiosrachadh goirid ann an Roinn 2 na h-aithisge air a' phròiseas chonaltraidh. Tha Roinn 3 na h-aithisge a' stèidheachadh beachdachadh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air taobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach beachdan sònraichte air an toirt seachad le luchd-comhairle. Tha Roinn 4 a' toirt geàrr-chunntas air àrd-shealladh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' mholadh. Nuair a gheibhear an aithisg seo, tha Achd 2010 ag òrdachadh gum bi a' chomhairle a' beachdachadh air agus an uair sin ag ullachadh aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach. Bu chòir gum bi an aithisg seo an lùib aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach na comhairle, còmhla ri mìneachadh air ciamar, ann an crìoch a chur air a' mholadh, a rinneadh ath-sgrùdadh air a' chiad mholadh, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas air puingeann a chaidh a thogail anns a' phròiseas chonaltraidh agus freagairt na comhairle riutha. Feumaidh a' chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach aca fhoillseachadh trì seachdainean mus gabh iad an co-dhùnadh mu dheireadh. Far a bheil comhairle a' moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh i na dleastanasan reachdail air fad a tha ann an Achd 2010 a leantainn, a' gabhail a-steach fios gu Ministearan taobh a-staigh sia làithean obrach an dèidh dhi a thighinn chun a' cho-dhùnaidh dheireannaich agus mìneachadh do luchd-comhairle gu bheil cothrom aca air riochdachaidhean a dhèanamh chun nam Ministearan agus na h-ullachaidhean spèisealta a tha co-cheangailte ri molaidhean a thaobh sgoil dhùthchail a dhùnadh.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann san sgoil; clann a dh'fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidhean coltach sam bith eile aig a' mholadh;
- mar a tha a' chomhairle an dùil buaidhean dona sam bith a dh'fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle an dùil a thig bho bhith a' cur a' mholaidh an cèill, agus adhbharan na comhairle airson nam beachdan seo a ruigsinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh na gnìomhan seo os làimh:

- làthaireachd aig a' choinneimh phoblaich bhiortail air a chumail air 12 Faoilleach 2022 a thaobh molaidhean na comhairle;
- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis a' chomhairle a thaobh a' mholaidh, gu sònraichte aithris nan sochairean foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh co-cheangailte, freagairtean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan is eile; agus
- turas bhiortail gu làrach Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain, a' gabhail a-steach conaltradh ri luchd-comhairleachaidh iomchaidh.

1.4 Leis gum bi am moladh a' leantainn air adhart gu dùnadh sgoil dhùthchail, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh cunntas air beachdachadh na comhairle mu roghainnean reusanta sam bith eile seach a bhith a' dùnadh Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh, a' bhuaidh a dh'fhaodadh a

bhith aige air a' choimhearsnachd ionadail agus a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig an dùnadh a bha air a mholadh air ullachaidhean siubhail eadar-dhealaichte sam bith.

2. Pròiseas Co-chomhairleachaidh

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd os làimh co-chomhairleachadh air a' mholadh/na molaidhean aca a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairleachadh\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 Thòisich am pròiseas co-chomhairleachaidh foirmeil air 24 Samhain 2021 agus chrìochnaich e air 21 Faoilleach 2022. Bha am pàipear co-chomhairleachaidh ri fhaotainn le buill a' phobaill, luchd-ùidh agus luchd-obrach. Chuireadh sanasan sna pàipearan ionadail agus chaidh am foillseachadh air làrach-lìn na comhairle agus air duilleag nam meadhanan sòisealta. Bha lethbhreacan den sgrìobhainn co-chomhairleachaidh rim faotainn ann an Leabharlann Poblach a' Ghearasdain agus ann am Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain. Mar thoradh air uallachaidhean a thaobh slàinte a' phobaill agus gus stiùireadh nàiseanta a leantainn, chaidh coinneamh phoblach bhiortail a chumail air 12 Faoilleach 2022. Bha 14 ball den phoball an làthair aig a' choinneimh. Aig a' choinneimh, thuirt an luchd-frithealaidh a bha an làthair gun robh iad dhen bheachd gun robh an co-dhùnadh a thaobh Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh a dhùnadh, air a dhèanamh ro-làimh. Bha draghan air an roinn leis na bha an làthair mun fheum a dheigheadh a dhèanamh de thogalach na sgoile san àm ri teachd, agus fàilligidhean a bha iad a' toirt fa-near a thaobh fiosrachadh a chumail ris a' choimhearsnachd nas fharsainghe mun phròiseas co-chomhairleachaidh. Chaidh molaidhean eile a thabhann leis an luchd-frithealaidh gun deigheadh an sgoil a chleachdadh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

2.3 Thàinig Roinn na Gàidhealtachd chun a' cho-dhùnaidh Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh a dhùnadh car ùine ann an 2017 an uair a thuit rola na sgoile gu dithis chloinne. Tha an sgoil air a bhith dùinte on àm sin. Mus do thòisich an co-chomhairleachadh reachdail seo, bha a' chomhairle a' sireadh bheachdan bho phàrantan agus bhon choimhearsnachd ionadail ann an dòigh neo-foirmeil. Choinnich a' chomhairle ri Comhairle Phàrant Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain sa Chèitean 2019 (le dìreach nas lugha na deichnear an làthair), le pàrantan a' nochdadh gun robh iad an aghaidh a dhùnadh. Chaidh coinneamh a bha air a deagh fhrithealadh a chumail leis a' Chomhairle Choimhearsnachd san t-Sultain 2019. Ged a bhathar an aghaidh Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh a dhùnadh, b' e glè bheag de phàrantan a bha deònach gealltainn gun cuireadh iad an leanabh chun na sgoile nam fosgladh i a-rithist. Chaidh coinneamhan eile a chumail leis a' Chomhairle Phàrant sa Mhàrt 2020 (le sianar an làthair) agus san t-Sultain 2021 (le triùir an làthair) agus mun àm sin bha na pàrantan a' faireachdainn gun robh dùnadh do-sheachanta.

2.4 Fhuair a' chomhairle còig freagairtean ann an sgrìobhadh mun cho-chomhairleachadh. Bha iad sin a' gabhail a-steach uallachaidhean mun dith conaltraidh don robh iad mothachail leis a' choimhearsnachd san fharsaingeachd ron phròiseas co-chomhairleachaidh foirmeil. Chan eil Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air bun-adhbharan a lorg airson taic a chur ris na puingean sin. Dh'iarr beagan luchd-freagairt barrachd ùine airson beachdachadh air a' mholadh. Chaidh iarrtas airson beachdachadh air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a dhèanamh cuideachd mus deach a thighinn chun a' cho-dhùnaidh.

2.5 Shir a' chomhairle beachdan na cloinne a tha an-dràsta a' frithealadh Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain. Uile gu lèir, thug 31 neach cloinne seachad am beachdan mun mholadh. Bha a' mhòr-chuid den chloinn dhen bheachd gum bu chòir dhan chomhairle leantainn orra a' cumail na sgoile mar a tha i. Bha beagan chloinne ag aontachadh ris a' mholadh an sgoil a dhùnadh agus bha beagan dhen bheachd gum bu chòir do Bhun-sgoil na Drochaid Ruaidh fosgladh às ùr. Bha uallach air clann gum biodh buaidh air càirdeasan a tha ann an-dràsta aig Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain nam fosgladh Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh às ùr. Tha iad a' cur luach air gum faod iad leantainn orra a' cluich ann am pàirc-chluiche Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh.

3. Taobhan foghlaim a' mholaidh

3.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' cur an cèill àireamh de bhuannachdan foghlaim a dh'fhaodadh a bhith sa mholadh gu Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh a dhùnadh gu tur. Chruinnich a' chomhairle fiosrachadh gu neo-fhoirmeil bho luchd-ùidh. Tha am fiosrachadh seo a' comharrachadh nam fosgladh Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh a-rithist gum biodh an clàrachadh a' fantainn glè ìosal. Tha buannachdan deimhinneach air a thighinn bhon aonadh obrachaidh eadar Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh agus Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain on a chaidh Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh a dhùnadh ann an 2017. Bidh clann ag obrachadh gu cunbhalach ann am buidhnean ionnsachaidh co-obrachail de mheudan diofraichte. Tha a bhith mar phàirt de bhuidheann chomhaoisean de dh'aois iomchaidh agus de mheud cuibheasach, a' ceadachadh do chlann com-pàirteachadh ann an raon de dh'eadar-obrachaidhean sòisealta agus ann an raon farsaing de ghnìomhan curraicealaim. Their development of skills for learning, life and work benefits from discussions and dialogue with peers of the same age and stage. Tha an cothrom air com-pàirteachadh ann an gnìomhan spòrs, ciùil agus ealain air àrdachadh. Tha na h-ullachaidhean làithreach ga dhèanamh comasach do chlann gluasad gu furasta bhon chlas ro-sgoile gu P1. Ann an coimeas ri togalaichean làithreach Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh, tha comas aig Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain àrainn ionnsachaidh nas fheàrr a thabhann. Tha seo a' gabhail a-steach cothrom air goireasan mar phàirc mhòr spòrs. Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ag aontachadh gu bheil sochairean foghlaim comasach ma thèid moladh na comhairle air adhart. Tha am moladh a' toirt taic do dhleastanas na comhairle gu dèanamh cinnteach às an luach as fheàrr.

3.2 Nochd am beagan phàrantan a bhruidhinn ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gun robh bròn orra mun chall a bha san amharc a thaobh na sgoile san Drochaid Ruadh. Thog iad iomnaidh mu shàbhailteachd còmhdaigh sgoile le clann air an togail agus air am fàgail faisg air rathad trang anns an Drochaid Ruadh. Bha beachdan measgaichte ann co-dhiù an clàradh iad an leanabh ann am Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh nam fosgladh i a-rithist. Bha a' chlann a bhruidhinn ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh deimhinneach mun fhèin-fhiosrachadh a thog iad aig Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain. Chomharraich iad cho cudromach 's a bha e a bhith a' cumail suas chàirdeasan a chaidh a stèidheachadh ann a-cheana. Thug a' chlann iomradh air na buannachdan a bha an lùib cothrom a bhith aca air raon de ghnìomhan agus de chlubaichean aig àm lòn. Is toil leotha gu sònraichte a bhith a' cleachdadh pàirc mhòr spòrs na sgoile. Bhruidhinn an dà chuid pàrantan agus clann air na buannachdan deimhinneach an lùib cothrom a bhith aca air an talamh timcheall Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh airson cur-seachad spòrsail. Tha iad dhen bheachd gu bheil seo a' tabhann raon cudromach, sàbhailte far am faod clann a bhith a' cluich, a' spèileadh agus a' falbh le baidhsagail, gu sònraichte leis nach eil slighe baidhsagail shàbhailte eadar an Drochaid Ruadh agus Drochaid an Aonachain.

3.3 Tha luchd-obrach a bhruidhinn ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' toirt taic don mholadh Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh a dhùnadh. Tha iad ag aithneachadh na buaidhe a tha aig a' chrìonadh anns an rola agus a' faireachdainn nach biodh e seasmach an sgoil fhosgladh a-rithist. Tha a' chlann a tha a' frithealadh Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain airson an solar ro-sgoile air socrachadh gu math, le pàrantan a' taghadh seo a chumail suas tron ghluasad air adhart gu P1. Chomharraich an luchd-obrach gum feumadh mu leth den àireamh chloinne ann an sgìre-sgoile Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh, còmhdaigh sgoile nam fanadh an sgoil fosgailte. Bha iad den bheachd nach robh an t-àm siubhail a bharrachd de chòig no sia mionaidean ro mhòr.

3.4 Leis gu bheil am moladh a' leantainn gu dùnadh sgoil dhùthchail, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh cunntas de bheachdachadh na comhairle air na h-eileamaidean dham bu chòir dhaibh aire shònraichte a thoirt. Tha a' chomhairle air na h-adhbharan a chomharrachadh gu soilleir, a tha aca airson am moladh a chur ri chèile. Ann a bhith a' dèanamh seo, bheachdaich iad air àireamh de roghainnean eile seach dùnadh na sgoile mus deach iad gu co-chomhairleachadh mun

mholadh. Bha na roghainnean eile a' gabhail a-steach leantainn orra leis an t-suidheachadh làithreach a thaobh an togalach a bhith dùinte, ath-fhosgladh leis an sgìre-sgoile a tha ann aig an àm seo, no fosgladh às ùr le sgìre-sgoile nas motha. Thàinig a' chomhairle chun a' cho-dhùnaidh nach tigeadh buannachdan nas motha an cois gin sam bith de na roghainnean eile. Sheall cho beag ùidh 's a tha aig pàrantan ann an cur an leanaibh gu Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh gus a dhèanamh comasach dhi fosgladh às ùr, nach eil comas obrachaidh an lùib na sgoile fhosgladh.

3.5 A thaobh còmhaidhail, is e glè bheag de bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig seo air an àrainneachd agus air a' chloinn. Tha a' chomhairle ag aithneachadh nach eil slighe coiseachd no rothaireachd shàbhailte eadar An Drochaid Ruaidh agus Drochaid an Aonachain. Bheir e còig gu sia mionaidean dràibhidh bho Bhun-sgoil na Drochaid Ruaidh gu Bun-sgoil Dhrochaid an Aonachain. Dh'fhanadh na h-ullachaidhean siubhail a tha air a bhith nan àite on a chaidh an sgoil a dhùnadh ann an 2017, mar a tha iad. Tha ùidh mhòr aig a' choimhearsnachd ionadail anns an fheum a thèid a thoirt à togalach Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh, nan deigheadh gabhail ris a' mholadh. Bu mhath leis na daoine a tha a' fuireach san sgìre ionadail nam fanadh an togalach mar sho-mhaoin coimhearsnachd.

3.6 Tha an dùnadh seo a thathar a' moladh a thaobh sgoil tro mheadhan na Beurla aig a bheil sgìre sgoile a tha mar phàirt de sgìre sgoile foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann am Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar agus Àrd-sgoil Loch Abar. Tha a' chomhairle air soilleireachadh nam biodh iarrtas gu leòr san àm ri teachd airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, gun leanadh iad reachdas gus an fheum air solar ionadail a dhearbhadh. Bu chòir do dh'aithisg dheireannach na comhairle an soilleireachadh seo a ghabhail a-steach agus mion-fhiosrachadh air an dòigh anns an adhartaich iad Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig le pàrantan. 'S e dleastanas reachdail a th' ann an seo.

3.7 Tron àm co-chomhairleachaidh, chomharraich an luchd-co-chomhairleachaidh mearachdan no dearmadan a bha iad a' meas a bha sa mholadh. Feumaidh a' chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil iad a' gabhail nan ceumannan iomchaidh airson dèiligeadh ris na mearachdan no dearmadan sin a bha air am meas. Anns an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich, feumaidh a' chomhairle na gnìomhan a tha iad air a ghabhail gus dèiligeadh ri mearachdan no dearmadan a chaidh innse dhaibh, a chur an cèill.

4. Geàrr-iomradh

Tha Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' creidsinn gu bheil an comas aig moladh Chomhairle na Gàidhealtachd air buannachdan foghlaim iomlan a lìbhrigeadh. Tha an oidhirp a rinn iad air gealltanais fhaighinn bho àireamh iomchaidh de phàrantan gu an leanabh aca a chur gu Bun-sgoil na Drochaid Ruaidh gus a dhèanamh comasach a fosgladh às ùr, air a bhith neo-shoirbheachail. Tha an aithisg a' toirt soilleireachd do phàrantan agus don choimhearsnachd a thaobh solar foghlaim san sgìre san àm ri teachd. Dh'fhaodadh gu bheil buannachdan foghlaim ann do chlann gu sòisealta agus a thaobh foghlam. Bidh clann ag obair gu dlùth ri buidheann nas motha de chomhaoisean a bhios nas dlùithe dhaibh a thaobh aois agus ìre. Bidh barrachd chothroman aca air an sgilean a leasachadh ann an raon de ghnìomhan nach eil furasta am faighinn aig an làrach sa bheil iad an-dràsta. Bidh barrachd chothroman aca com-pàirteachadh ann an gnìomhan spòrs, ciùil agus ealain agus ann an clubaichean.

Nan deigheadh am moladh air adhart, bu chòir dhan chomhairle obrachadh leis a' choimhearsnachd gus sgrùdadh a dhèanamh air an fheum as fheàrr a ghabhadh a dhèanamh de Bhun-sgoil na Drochaid Ruaidh. Bu chòir dhaibh rannsachadh a dhèanamh còmhla ris a' choimhearsnachd mu an rùn a thaobh leantainn air adhart le cothrom air an raon-cluiche shàbhailte, a tha air a thabhann le fearann na sgoile. Bheir am moladh taic don chomhairle an 'Luach as Fheàrr' a lìbhrigeadh tro bhith a' dèanamh an fheum as tàbhachdaich agus as

èifeachdaich de an stòrasan. San aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich aca, feumaidh a' chomhairle na gnìomhan a tha iad air a ghabhail a chur an cèill gus dèiligeadh ri mearachdan no dearmadan a chaidh a thogail.

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh Gearran 2022